


Tha Seirbheis Radio Teleswitch a' tighinn gu ceann:

am fiosrachadh riatanach dhuibh



Bho 30 Ògmhios 2025, chaidh tòiseachadh air siognail meidheadairean Seirbheis Radio Teleswitch (RTS) a dhubhadh às air feadh Breatainn fhad 's a tha an siostam a' ruighinn ceann a bheatha obrachaidh. Thèid an siognail RTS a chur dheth uidh air n-uidh, is bheir seo buaidh air buidhnean beaga mu seach de mheidheadairean. Ma tha meidheadair RTS nur dachaigh-sa, dh'fhaodadh an t-atharrachadh seo ur solarachd teas no uisge teth a bhriseadh mur faigh sibh meidheadair eile na àite.

Dè a th' ann an Seirbheis Radio Teleswitch (RTS)?

'S e Seirbheis Radio Teleswitch (RTS) siostam a tha a' cleachdadh siognail rèidio fad-astair gus cuid de mheidhean-dealain nas aosta a stiùireadh. Tha e ag innse do na meidheadairean seo cuin a ghluaisas iad eadar reataichean as àirde 's as ìsle iarrtais, mar chuideachadh do luchd-ceannaich feum a dhèanamh de na tarraifean oidhche nas saoire. Cleachdar RTS am bitheantas ann an

dachannan le siostaman-dealain airson teasachadh is uisge teth, leithid teasadairean-stòraidh, teasadairean-panail, no teasadairean-bogaidh as àbhaist a bhith gan teasachadh rè na h-oidhche.

Ciamar a bheirear gu ceann e?

Tha am pròiseas ga stiùireadh le cùram. Thèid an siognail RTS a chur dheth uidh air n-uidh, is bheir seo buaidh air buidhnean beaga mu seach de mheidheadairean, a' tòiseachadh bhon 30mh Ògmhios 2025, agus a' leantainn uidh air n-uidh. Cumaidh ur solaraidhe co-chomhairle riut mun cheann-là a bheirear buaidh air a' mheidheadair agaibhse. Cuiribh fios thuca an-dràsta airson meidheadair a chur na àite aig àm a fhreagras dhuibhse.

Carson a thathar a' toirt an RTS gu ceann?

Chan fhada gus an ruig an siostam RTS ceann a bheatha obrachaidh. Tha an uidheamachd a ghineas an siognail rèidio a-nis ro aosta 's cha ghabh a chàradh gu h-earbsach. Mar bhuil, thèid an siognail RTS a chur dheth uidh air n-uidh 's gu buan, an toiseach bho **30 Ògmhios 25**.

Dè a dh'fheumas mi dèanamh ma tha meidheadair RTS agam?

Clàraichibh le ur solaraiiche dealain cho luath 's a ghabhas gus meidheadair eile fhaighinn an àite an RTS. Na biodh feitheamh ri fios bhuapasan. Fiùs ged a chaidh innse dhuibh roimhe nach robh an t-atharrach ri fhaotainn, tha fuasglaidhean ùra ann a-nis airson gach dachaigh is gnìomhachas.

Ciamar as aithne dhomh gu bheil meidheadair RTS agam?

Faodaidh gu bheil meidheadair RTS agad ma:

- Fhuair sibh litrichean, puist-d, teacsaichean no brathan bho ur solaraiiche dealain ag ràdh gu bheil fear agaibh
- Tha bogsa-suidse fa leth ann faisg air a' mheidheadair agaibh le leubail "Radio Teleswitch"
- Tha ur fàrdach ga teasachadh le teasadairean dealain no stòraidh
- Chan eil solarachd gas anns an sgìre agaibh - a' gabhail a-steach teaghlaichean ann an sgìrean dùthchail is flataichean àrd-togte
- Tha sibh a' faighinn lùth nas saoire aig amannan eadar-dhealaichte tron latha. Faodaidh gu bheil ur taraif mar na leanas: Economy 7, Economy 10 no Total Heat Total Control

Mur eil sibh cinnteach a bheil uidheamachd RTS agaibh, cuiribh fios gu ur solaraiiche dealain as urrainn sin a dhearbhadh dhuibh.

An urrainn dhomh cumail ris a' cheart taraif a th' agam an-dràsta?

'S urrainn do ur solaraiiche comhairle a thoirt mu cò na taraifean a tha ri fhaotainn agaibhse. Bidh dùil aca ri taraif a thairgsinn a tha freagarrach do shuidheachadh an uisge theth agus/no an teasachaidh nur dachaigh.

An cosg e airgead dhomh mo mheidheadair RTS atharrachadh?

Cha leag solaraiichean tàille oirbh airson atharrachadh meidheadair.

Airson barrachd fiosrachaidh mu RTS, cleachdaibh an còd QR seo:



Ofgem:

Dèanaibh an-dràsta e, clàraich airson atharrachadh meidheadair

ofgem

Nar deagh thaic do luchd-ceannaich cumhachd